



Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh


Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh-òsta Alexandra, An Gearasdan

Diardaoin 27 Cèitean 2010 @ 2.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org



Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail anns an Taigh-òsta Alexandra, An Gearasdan from 2.00f Diardaoin 27mh Cèitean 2010

Clàr Chùisean

2.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

- (a) An làthair
- (b) Leisgeulan
- (c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd Airson Aontachaidh
- (d) Cùisean a' togail ceann
- (e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh Airson Fiosrachaidh
- (f) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Blas Festival Ltd Airson Fiosrachaidh

2.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

- (a) Adhartas a-rèir Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
- (b) Blas 2010 Airson Fiosrachaidh
- (c) Sgeama Bursaraidhean Ciùil Airson Fiosrachaidh
- (d) Taisbeanadh air leasachaidhean ùra Airson Deasbaid agus Aontachaidh

2.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

- (a) Aithisg Ionmhais Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
- (b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire Airson Fiosrachaidh
- (c) Cunntasan na Bliadhna gu ruige 31 Màrt 2010 Airson Fiosrachaidh
- (d) For-tharraing bho Bhanca Dhail Chluaidh Airson Aontachaidh
- (e) Aithisg InG air buaidh eaconomach nam Fèisean Airson Fiosrachaidh

2.2010.04 CÙISEAN POILEASAIDH

- (a) Taisbeanadh air rannsachadh agus cur an gnìomh poileasaidh Gàidhlig Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

2.2010.05 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

- (a) Atharrachaidhean san luchd-obrach Airson Deasbaid agus Aontachaidh

2.2010.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

- (a) Aithisgean Luchd-Obrach Airson Fiosrachaidh
- (c) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2010 Àite ri cur air dòigh

2.2010.06 EILE

- (a) Ceann-latha na h-ath choinneamh Airson Fiosrachaidh
- (a) Coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Bhòrd na Gàidhlig, Inbhir Nis, bho 2f air Diardaoin 18 An Gearran 2010.

1.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)

An Làthair

Caitriona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Màiri Oakley, Derek MacIllInnein, Seònaid NicDhòmhnaill, Bernard Bell, Fiona NicIain, Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba), Alasdair MacLeòid (HIE), Art MacCarraig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anna Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dùghlas Beck (ag eadar-theangachadh)

(b)

Leisgeulan

An Comhairliche Agnes Rennie, Katag NicNèill, Claire Bee, Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd)

(c)

Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 4 an Dùbhlachd 2009 a sgaoileadh. Mhol Derek MacIllInnein gum bu chòir gabhail ris mar chunntas firinneach den choinneimh. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Fiona NicIain a' cur a taic ris.

(d)

Cùisean a thog ceann

A' bruidhinn air puing 6(c) anns a' gheàrr-chunntas, thuirte Art MacCarraig nach robh cothrom air a bhith aige fhathast sùil a thoirt air an sgeama thabhartasan a bh' aig Vodafone, ach gun rannsaicheadh e a' chùis a dh'aithghearr.

(e)

Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 1 an Gearran 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

1.2010.02

CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)

Adhartas a thaobh cur an gnìomh Prògram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Prògram Bliadhnaidh Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Mhìnich Art MacCarraig mar a tha cuid de na Dleastanasan is Comharran Coileanaidh sa phrògram seo a' dol a dh'atharrachadh nuair a thòisichear a' cur an gnìomh a' Phlana Leasachaidh anns a' Ghiblean, tha obair air pròiseactan ùra a' dol a thòiseachadh an uair sin cuideachd.

Bha aon dleastanas (3.2) a thaobh Chùmhnantan YMI a bha dearg fhathast. Rinneadh oidhirpean gus YMI a stèidheachadh ann an sgìrean eile, ach thuige seo cha robh sinn air soirbheachadh. Thathar a' leantainn leis na h-oidhirpean seo. Thuirte Iain Mac a' Ghobhainn bho Chomhairle Ealain na h-Alba, gun dèanadh iad na b' urrainn dhaibh gus cuideachadh le seo.

A thaobh puing 4.5 sa Phrògram, thuirte Iain Mac a' Ghobhainn gu robh geàrr-liosta de sheachdnar airson an dreuchd, Oifigear Ealain Ghàidhlig, aca a-nis (tha SAC is Bòrd na Gàidhlig a' co-mhaoineachadh na dreuchd seo). Bhathar an dùil agallamhan a chumail tràth sa Mhàrt. Aon uair 's gu robh cuideigin san dreuchd, 's e aon de na ciad dhleastanasan a bhiodh aca, Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig ùrachadh.

Thog Alasdair MacLeòid ceist mu cò às a thàinig na targaidean co-cheangailte ri puingean 1.1

is 1.2. Thuir Art MacCarraig gur ann bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal a thàinig iad, agus bho bhuidhnean maoinachaidh eile mar Comhairle Ealain na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar. Bidh targaidean ùra sa Phlana Leasachaidh ùr a chaidh aontachadh leis na buidhnean maoinachaidh.

(b) Fèis Bhlais 2010

Chuir Art MacCarraig an cuimhne a' Bhùird mar a bha draghan ann aig a' choinneimh mu dheireadh mu Bhlais, agus mar nach robhar cinnteach am b' urrainnear an fhèis a chumail am-bliadhna, seach nach robh Comhairle na Gàidhealtachd air aontachadh dè an ìre maoinachaidh a bha iad deònach a thoirt seachad. Chaidh aontachadh bhon uair sin gum faigh Blas an aon ìre maoinachaidh ann an 2010/11 agus a fhuair i an-uiridh, agus mar sin thèid an fhèis air adhart. Faodar cùmhnantan aontachadh a-nis agus Leabhran Fèis Bhlais a sgaoileadh.

Ge-tà, bidh gearraidhean nach beag sa bhuidseat ann an 2011-12 agus feumaidh am Bòrd coimhead air cùisean gu mionaideach a-rithist feuch an gabh an fhèis a chumail.

(c) Prògram Thaisbeanaidhean an Luchd-obrach

Chaidh aithisg le Art MacCarraig a sgaoileadh le prògram thaisbeanaidhean an luchd-obrach a chumadh iad airson a' Bhùird ann an 2010-11.

Chaidh aontachadh gur ann ùidheil is feumail a bha na taisbeanaidhean seo agus gu robh iad a' toirt dealbh math de obair Fèisean nan Gàidheal.

1.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisgean Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich an t-Àrd Mhanaidsear, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 an Dùbhlachd 2009 agus liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2009-10, a bha cuideachd a' sealltainn nan suimeannan a chaidh a phàigheadh do dh'Fhèisean aig 31 an Dùbhlachd 2009.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £1,992.00
- Cunntas Àrd-rèidh: £21,568.00
- Cunntas Bhlais: £301.00

(c) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 an Dùbhlachd 2009

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 an Dùbhlachd 2009, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

Thog Alasdair MacLeòid ceist mu mar nach deach ach £7037 a chosg air Peinnseanan. Thuir Art MacCarraig gur e bu chòir nach robh gach neach-obrach air ballrachd a ghabhail san Sgeama Pheirsean.

Mhìnich Art MacCarraig carson a bha maoin Fèisean nan Gàidheal cho ìosal san ràith seo, b' e bu chòir nach robh iad air iasad a thoirt do Fhèis nan Garbh Chrìochan gus am b' urrainn dhaibh crìoch a chur air pròiseact, far an robh iad a' ceannach solais, uidheam fuaime agus suidheachain. Fhuair am pròiseact tabhartasan taice bho Chomhairle na Gàidhealtachd, LEADER agus Awards for All, ach b' fheudar dhaibh pàigheadh airson na h-uidheim mus fhaigheadh na tabhartasan. Fhuair sinn pàirt den iasad air ais mu thràth, agus bu chòir gum faigh sinn an còrr a dh'aithghearr.

Dh'iarr Alasdair MacLeòid tuilleadh fiosrachaidh air dè na pròiseactan a fhuair tabhartasan bhon Mhàoin Leasachaidh. Cha robh am fiosrachadh sin aig Art MacCarraig ri làimh, ach

dh'aontaich e nòta a chur gu Buill a' Bhùird ag innse mu mar a chosgadh airgead na Maoine Leasachaidh.

(d) Aithisgean air Làimhseachadh Cunnairt

Chaidh aithisg le Art MacCarraig a sgaoileadh a bha a' toirt fiosrachadh mu làimhseachadh cunnairt ann an obair Fèisean nan Gàidheal.

Thugadh fa-near dha gum bu chòir 3.5 seach 43.5 a bhith ann airson Teinne a' Chunnairt airson Cunnairt No. 43.

Tha e an urra ris a' Bhuidhinn Riaghlaidh sùil a chumail air a' Chlàr Chunnartan agus aithris a thoirt don Bhòrd gach bliadhna.

Thug am Bòrd fa-near do gu robh a' Bhuidheann Riaghlaidh riarachta leis mar a bhathar a' làimhseachadh cunnairt.

(e) Aonta Maoineachaidh Comhairle Ealain na h-Alba

Chaidh aithisg le Art MacCarraig a sgaoileadh ag innse do Bhuill a' Bhùird mun aonta le Comhairle Ealain na h-Alba airson 2010-11. Chaidh lethbhreac den Aonta a sgaoileadh cuideachd.

Bha an t-Aonta a' gabhail ealla ris a' Phlana Leasachaidh ùr aig Fèisean nan Gàidheal airson 2010-15 agus ris an aonta le HIE airson 2009-12.

Bha trì raointean leasachaidh a chomharraich SAC a bhiodh gu sònraichte an urra ri Fèisean nan Gàidheal:

1. Bidh Fèisean nan Gàidheal a' daingneachadh agus a' cumail na h-aon ìre de bhallrachd agus a th' aca an-dràsta, agus bidh iad a' sireadh chothroman gus cur ris a' bhallrachd ma gheibhear maoineachadh bho Alba Cruithachail agus HIE;
2. Bheir Fèisean nan Gàidheal taic don dreuchd, Oifigear Ealain Ghàidhlig, agus cuidichidh iad le bhith a' leasachadh na dreuchd sin;
3. Cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra leis an obair mar aon de na prìomh bhuidhnean a tha a' cur adhart ealain, cànan agus dualchas nan Gàidheal agus iad ag obair ann an co-bhuinn ri buidhnean iomchaidh eile agus gu sònraichte Bòrd na Gàidhlig.

Tha SAC air dearbhadh gum faighear an £100,000 a bharrachd a bha dhìth airson Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal ann an 2010-11.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aonta le Comhairle Ealain na h-Alba.

(f) Gearraidhean maoineachaidh a tha Comhairle na Gàidhealtachd a' moladh

Chaidh aithisg le Art MacCarraig a sgaoileadh ag innse do bhuill mu na gearraidhean a bha Comhairle na Gàidhealtachd a' moladh san airgead a bhios iad a' toirt do dh'Fhèisean nan Gàidheal agus Blas ann an 2011-12 agus às dèidh sin.

Chuir Art MacCarraig litir gu gach Comhairliche bho Roinn na Gàidhealtachd agus gu prìomh oifigearan ron choinneimh a chaidh a chumail air 11 an Gearran.

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh nach biodh gin a ghearraidhean ann an 2010/11, ach bho 2011-12 bidh an tabhartas aig Fèisean nan Gàidheal air a ghearradh 20% agus bidh an tabhartas aig Blas air a ghearradh 30%.

Bheir na gearraidhean seo buaidh cuideachd air maoineachadh bho bhuidhnean eile a tha a' cur airgead (no maoineachadh co-ionann) ris na tabhartasan aig Comhairle na Gàidhealtachd. Mar a chaidh innse na bu thràithe aig a' choinneimh, thèid Fèis Bhlais air adhart mar as àbhaist am-bliadhna, ach feumar a' chùis a sgrùdadh gu cùramach an uair sin feuch an gabh i a chumail san àm ri teachd. Ma thèid an tabhartas aig an fhèis isleachadh mar a thathar a'

moladh, tha cunnart ann nach cùm i a' dol. Cha tug Comhairle na Gàidhealtachd feart sam bith air mar a tha Blas a' cur £700,000 ri eaconamaidh Roinn na Gàidhealtachd.

Thuirt Alasdair MacLeòid gu robh an Aithisg Eaconamach aig HIE air Fèisean nan Gàidheal cha mhòr deiseil. Tha i a' sealltainn gu bheil obair nam Fèisean a' cur mu £1 millean ri eaconamaidh sgìre HIE.

Thuirt Buill a' Bhùird gur e bristeadh-dùil a bh' ann gu robhar a' moladh a leithid a ghearraidhean agus a bheireadh droch bhuaidh air an uiread de dhaoine. Tha na Fèisean a' dèanamh obair ionmholta agus bu chòir gum faigh na comataidhean saor-thoileach barrachd cuideachaidh is taic – chan e nas lugha. Tha e coltach gu bheil a' Chomhairle a' gearradh airgead gun a bhith beachdachadh air dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an sin.

Dh'aontaich Art MacCarraig gu robh e deatamach gun aithnicheadh daoine obair an luchd-obrach shaor-thoileach aig na Fèisean agus bha esan a' smaoinichadh gur e aon de na dleastanasan aig Fèisean nan Gàidheal an t-uallach a th' air na daoine sin a lùghdachadh. Dh'fhaodadh gun tig tuilleadh ghearraidhean bho Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Às bith dè thachras, nì Fèisean nan Gàidheal an dìcheall maoinichadh nan Fèisean a chumail aig an aon ìre agus a tha i an-dràsta.

**1.2010.04
(a)**

**CÙISEAN POILEASaidh
Ùrachadh Poileasaidhean**

Às dèidh na coinneimh mu dheireadh, chaidh atharraichean a dhèanamh air na Poileasaidhean. Chaidh na Poileasaidhean leasaichte a chur ann am post-d gu Buill a' Bhùird na bu thràithe air a' mhìos seo gus am faigheadh iad cothrom an leughadh. 'S iad na h-aon atharraichean a dh'fheumar a dhèanamh a-nis, na Poileasaidhean a chur ann an cruth deireannach. Thèid an eadar-theangachadh an uair sin agus an cur suas air an làrach-lìn ann an Gàidhlig agus Beurla.

Ghabh Buill a' Bhùird ris na Poileasaidhean leasaichte.

**1.2010.05
(a)**

**CÙISEAN GNÌOMHAIL
Aithisgean Adhartais Luchd-obrach**

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Tha a h-uile duine den bheachd gur ann feumail tha na h-aithisgean seo agus gu bheil iad làn fhiosrachaidh. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

(b)

Cruth ùr air an Sgioba Obrach

Thuirt Art MacCarraig gu bheil Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a-nis na Mhanaidsear Leasachaidh, às dèidh do Dhàibhidh Boag a dhol gu dreuchd ùr aig Bòrd na Gàidhlig. Bidh Nicola Marshall, aon de na h-Oifigearan Leasachaidh againn ann an Inbhir Nis, a' gabhail cuid de na dleastanasan sin òs làimh cuideachd. Bidh Calum Ailig, còmhla ri Emily Edwards, fhathast a' coileanadh cuid de na dleastanasan a bh' aige mar Oifigear Gàidhlig.

Ghabh am Bòrd ris a' cruth ùr seo agus bha iad cinnteach gun cumadh a h-uile duine orra ag obair gu cruaidh nan obraichean ùra.

(c)

A' Choinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2010

Bha còmhradh ann mu àiteachan far am faodadh a' Choinneamh Bhliadhnail & a' Cho-labhairt a chumail san t-Sultain.

Chaidh aontachadh coimhead ri Muile, an t-Òban no Inbhir Nis.

1.2010.06

EILE

- (a) **Coinneamh Buidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal**
Chaidh pàipear a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d mar fhiosrachadh.
- (b) **Ceann-latha ùr airson na Coinneimh**
Thèid a' choinneamh, a bha roimhe gu bhith air 20mh an Cèitean, a chumail a-nis air 27mh an Cèitean. Cha deach aontachadh fhathast càite an tèid a chumail, ach bidh i anns a' Ghearasdan no an Glaschu.
- (c) **Eile**
Dh'innis Iain Mac a' Ghobhainn bho Chomhairle Ealain na h-Alba mu thachartas-latha a bha iad a' feuchainn ri chur air dòigh far an tigeadh riochdairean bho dhiofar bhuidhnean bho air feadh Alba còmhla gus ionnsachadh mu mar a chuireadh iad làraichean-lìn sòisealta gu feum gus fios a chumail ris na daoine air a bheil iad ag amas agus m.s.a.a. B' e dòigh mhath a bh' ann lìonra a chruthachadh agus an obair aca a thaisbeanadh. Gheibheadh daoine barrachd fiosrachaidh aon uair 's gu robh planaichean deiseil airson an tachartas.
- (d) **Pròiseact Tasglainn**
Tha Emily Edwards an-dràsta ag obair cur stuthan bho a' Phròiseact Tasglainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal. Nam measg bidh faidhlichean fuaime, leabhraichean, agallamhan, òrain is eile.
Feumaidh i beagan trèanaidh, mu bhith ag obair le faidhlichean fuaime, fhaighinn bho Sitekit a tha a' ruith ar làraich-lìn. Thathar an dòchas gun tachair seo ro dheireadh a' Mhàirt.
Thathar an-dràsta a' cur iarrtas air dòigh airson Maoin Dualchais a' Chrannchair gus am faighear tuilleadh maoin eachaidh airson an ath ìre den Phròiseact.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday 6 May 2010 from 2.00pm via telephone conference)

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2010.01(e)

EX2.2010.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager)

(b) Apologies

Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ian Smith (Scottish Arts Council).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 01 February 2010 had been circulated and approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising.

EX2.2010.02 PROJECT UPDATES

(a) YMI in Highland (verbal - Arthur)

The YMI contract for Highland was progressing well. This is ring-fenced funding and no cuts were anticipated for the next school year and should be fairly safe until the next spending review by Creative Scotland. There have been some issues regarding tutors and a meeting was scheduled for 7 May with all providers to iron those out.

(b) Blas Festival 2010 (circulated – Arthur)

Arthur circulated a draft programme and reported that Blas was to be launched on the 19 May 2010 in the Archive Centre, Inverness. Funding was now in place but the downside to the late decision was that the programme will be late than normal in going online. Normally the programme would be on sale from January. A new website is being launched the same day. Fiona Johnstone mentioned that the programme looked good.

David Boag had been one of Fèisean nan Gàidheal's representatives on the Board of Blas Festival Ltd and it was agreed that Calum Alex would replace him. Arthur Cormack reiterated that the funding for next year has to be guaranteed by September this year or we will not be able to run Blas next year.

(c) Sgoil Shamhraidh Dhràma 2010 (verbal – Calum Alex)

Calum Alex reported that they had over 18 applicants this year of which half were returning from last year. They had been holding over the phone auditions with applicants just to find out Gaelic capabilities and interests. All tutors were Gaelic speakers apart from Frank McConnell who will have an assistant. Calum Munro will be helping applicants with Gaelic language skills this year.

(d) Highland Council Bursaries Scheme (circulated – Arthur)

This was additional funding the Highland Council had received from Creative Scotland to put together a programme under the title of Highland Arts Programme. As part of this they approached Fèisean nan Gàidheal to run a Music Bursaries Scheme, in partnership with GoEVENTS and HIE.

The contract is worth £75K and Fèisean nan Gàidheal will receive a management fee of £7.5K for its co-ordination of the programme.

(e) Cèilidh Trails 2010 (verbal – Calum Alex)

Calum Alex reported that Nicola Marshall had been taking the lead on this and was progressing well. The post of coordinator had been advertised with 7 May closing date.

Auditions were up and running but the posts of local coordinators were proving problematic. Funding had been sought from CnaG but there were issues about coordinators working away from their home area.

There were expectations from the Fèisean that they were going to receive increased funding this year but there were potential difficulties for Fèisean nan Gàidheal and no obvious gain from being involved with the LEADER-funded project. Arthur, Calum Alex and Nicola were due to meet up to discuss this further and Executive Group members were happy to leave the decision to them.

(f) Other new projects for 2010-11 (verbal – Arthur)

There were new project outlined in the new Development Plan such as Gaelic song-writing, development funding, Family Fèisean and these had been discussed at the recent staff meeting. Information on the Development Fund had been sent out to Fèisean and progress was to be made on the other projects with development staff.

EX2.2010.03 FINANCIAL ISSUES

(a) Financial Report (circulated - Anne)

A report from the Executive Manager had been circulated. There were no concerns over the overall financial position since we were expecting £19,484 from HIE, £10,000 from SAC and part payment of the loan off £50,000 to Fèis nan Garbh Chrìochan from last year. Highland Council funding of £52,500 for Blas Festival and £29,650 for Fèisean nan Gàidheal had just come in.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)

The current bank balances were given as follows:

- £9,715.45 in the Current account
- £57,785.99 in the High Interest account
- £388.71 in the Blas account

(c) Grants to Fèisean 2010-11 (verbal - Anne)

The letters of offer had been sent out to all Fèisean now and development officers were aware of the general need to raise additional funding for Fèisean where there were shortfalls. Most Fèisean seemed happy enough with the level of funding.

(d) End of Year Outturn 2009-10 (verbal - Anne)

Anne reported that Andy Cumming of Mann Judd Gordon had prepared draft management accounts for the last quarter to 31 March 2010 and there were a few concerns which remained to be resolved.

(e) Changes in HIE personnel (verbal - Arthur)

Arthur reported that Alasdair MacLeòid had left HIE and our new contacts were to be Chris Higgins and Anne Marie Reid.

EX2.2010.04 POLICY ISSUES

(a) Gaelic Policy Implementation (verbal – Calum Alex)

A survey was to be sent out to tutors to assess what level of Gaelic skills they had. The questionnaire was being translated and would be sent out as a hard copy and also available on-line on Survey Monkey. Each tutor would have a Personal Gaelic Plan and access to suitable courses dependant on ability.

Sgioba-G were busy, soon to be covering Fèis Mhoireibh, Fèis Chataibh, Fèis Ghleann Albainn and Fèis Eige.

Fiona Johnstone had a few concerns regarding committees' preferences to employ good tutors with no ability to speak Gaelic. It was hoped by August 2012 that most tutors employed by Fèisean would have some Gaelic. Catriona MacIntyre thought the policy was good at raising awareness of the importance of Gaelic at Fèisean.

EX2.2010.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Policy Updates (verbal - Anne)

All policies had been updated and corrected. The policies will go up onto the website after Alasdair Campbell has provided translations. This was progressing well and the Child Protection Policy had already been translated and would be available on the website shortly. The rest of the policies will be available in due course.

(b) Fèisean nan Gàidheal Conference and AGM 2010 (verbal - Anne)

It was agreed that Board Members would discuss a suitable venue at the next Board Meeting.

EX2.2010.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items for forthcoming Board meeting

- Financial Issues
- Development Issues
- Bursary Scheme
- AGM 2010
- Presentation – Calum Alex – Gaelic Policy Update

EX2.2010.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

There was no other business.

(b) Date and venue of next meeting

The next meeting is to be held by phone conference on Thursday 2 September 2010 at 2pm.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of meeting of the Board of Directors of Blas Festival Ltd held in the Tulloch Room, Eden Court, Inverness from 11am on Thursday 29 April 2010

Àireamh air a' Chlàr Chùisean 2.2010.01(f)

B1-2010.01 Present

George Stoddart (Chair); Arthur Cormack; Councillor Michael Foxley; Councillor Hamish Fraser; Judi Menabney (in attendance); Donna MacRae (in attendance for part of the meeting)

B1-2010.02 Apologies

Councillor John Finnie

B1-2010.03 Note of Previous Meeting

Note of previous meeting was approved and no matters arising.

B1-2010.04 Financial Report

AC presented the budget for 2009/10, highlighting slight surplus achieved.

AC explained how a surplus in the discreet Ceilidh Trail budget had been factored into the overall Blas budget for 2009/10. As recommended by the board, this has been removed from the 2010/11 budget.

AC confirmed that FnaG received a £12k management fee for 2009/10.

AC explained that Ceilidh Trails costed less than predicted because, at the time of planning them, HIE's funding was not confirmed and in some doubt. Ceilidh Trails were therefore planned to cost the bare minimum possible and therefore the final outturn was less than originally predicted.

AC confirmed that Leader funding has been secured for Ceilidh Trails in the next 3 years, making more money available for them than in recent years.

AC presented the budget for 2010/11 and explained that PRS had just recently confirmed they would not be funding Blas 2010/11, therefore the budget will require to be re-worked to accommodate £2k less income.

HF questioned if a saving might not be made by reducing spend on booking international artists, thus avoiding the expense of international travel costs and perhaps booking less high profile and therefore thus expensive acts.

To enable this, HF queried if Blas's core values might be re-visited to reduce the emphasis on the international element and the relationship with Nova Scotia.

MF explained it was important that there was some "key nuggets" but the return and benefit from individual acts, particularly the more expensive ones, should be rigorously interrogated. MF suggested that, after Blas 2010, there should be a close examination of the benefits/return for expenditure of each act, particularly the more costly ones.

MF queried why the projected income from SAC for 2010/11 had reduced significantly to £10k.

AC explained that the SAC income figure is actually an allocation of FnaG's own income,

secured from SAC, asked support from FnaG core purpose, including Blas but not exclusively or with an explicit amount specified of how much the overall award is allocated for Blas.

MF queried if the management costs were of a reasonable level and if the sponsorship target was a) reasonable and b) likely to be achieved.

AC explained that the management team was confident that the sponsorship target would be achieved and explained the difficulty of securing business sponsorship, particularly in the current financial climate.

AC explained that, in his view, management fees are 25% of the overall budget were actually quite low.

HF explained how crucial it was that Board Members are able to fully account for every pound that is spent on Blas and therefore it is essential to fully interrogate all costs.

The Board discussed the importance of communicating the leverage that the public investment generates. It was agreed that notes should be added to articulate the in kind leverage in terms of volunteer hours etc. It was further agreed that a mirror "actual" budget be created, showing what the costs would be if all services were procured from the commercial sector; that then to be converted into footnotes added to the budget.

A budget amended accordingly to be circulated.

B1-2010.05 Future options for Blas and draft Development Plan

AC presented the development plan for 2010/13, explaining that it was created as a requirement for Event Scotland funding and contained a budget for 1 year only as future funding was unconfirmed.

AC spoke to a presentation and explained Blas development to date and going forward.

The presentation proposed that there were 5 options for the future:

- THC reinstates funding to £105k and allows the festival to grow.
- FnaG run the festival on the reduced budget.
- THC runs the festival
- Another organisation is contracted to run it, within funding available
- Blas folds

MF explained that it was important not to underestimate the contribution of Blas to FnaG, including providing a high profile, positive showcase for FnaG.

Consensus of the Board was that they did not desire the 5th option and could not see options 3 and 4 as options at all. It was agreed that, ideally, the future should be somewhere between option 1 and option 2.

Regarding the 30% reduction in THC funding for 2011, it was agreed to build into the 2011 Blas budget THC expenditure (in kind and actual) on the complementary Schools Programme.

It was agreed to investigate the routing of Rural Innovation Fund funding towards Blas in 2011, if that funding is forthcoming in future years.

Board Members concurred that the strategies discussed be employed to try and weather what will be a few difficult years and continue to run and develop Blas.

AC requested that THC agree to guarantee any loss that may result from running Blas in 2011 on a reduced budget, for 1 year only and with a commitment that FnaG will make every effort to achieve the festival within the budget available.

It was agreed that MF, HF and JM arranged to meet to discuss that and other council related issues, JM reporting back to AC.

B1-2010.06 **Blas 2010 Programme & PR**

Donna MacRae gave an outline of the Blas programme for 2010 which had been circulated in draft form for Board members.

It was agreed to progress holding media launch at the Archive Registration Centre (JM to action).

DM introduced the Board to the proposed new website. It was agreed that this was an improvement on previous website and that a food and drink event section be added to the website front page.

B1-2010.07 **A O C B**

There was no other business.

B1-2010.08 **Date of next meeting**

It was agreed to meet again on 22 June at 4pm in a venue to be advsed.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2010.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson gearr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am prògram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg ràitheil seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:

R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall; **Ò** (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh; **G** (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN				
1.1		A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.	U
1.2		Stiùiriche/Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.4 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnadairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	U
		Manaidsear Leasachaidh	Co-dhiù aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig CnaG (BnG)	Tha ùidh aig ceathrar ann an greis gnìomhachais.	U
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (CEA)	Sgeama thabhartasan ann. Tabhartasan gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	U
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù deich thar fhichead Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2010-11. Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre InG, le 21 ann an sgìrean dùbhlach.	U
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (CEA)	Tha an sgeama maoineachaidh seo fosgailte a-rithist agus tagraidhean air iarraidh.	Ò

			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha dùil gun tèid seo a choileanadh ann an 2010-11.	
		Manaidsear Leasachaidh	Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.	U
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar.	
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (CEA)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Prìomh Oifigear airson buidheann de dh'Fhèisean agus bheir iad taic dhaibh bho latha gu latha. Chaidh coinneamhan measaidh foirmeil a chumail le gach Fèis san t-Samhain agus san Dùbhlachd 2009.	U
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a libhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus anns a' Bheurla. Trèanadh ri fhaotainn mu coileanadh phoileasaidhean nuair a dh'fheumas luchd saor-thoileach a dhol an sàs ann. Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air sin le aithisg bhliadhnail a' dol mu choinneimh a' Bhùird.	U
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2010-11 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a' dèanamh feum de na h-uairean. Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Thrèanaidh.	U
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	U
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistiona Nic an t-Saoir obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	U
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Ghnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (CEA)	Thèid co-labhairt 2010 a chumail san t-Sultain ann an àite a bhios air aontachadh leis a' Bhòrd aig coinneamh a' Chèitein.	O
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearan 2010 le àrachas ùr iomchaidh.	U
1.7	Stòras Ionnsramaidean Ciùil	Oifigear Ghnothaichean	A' toirt ionnsramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnsramaidean air iasad a' mhòr-chuid den bhliadhna.	U
1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Neach-tionail	Feumar measadh Disclosure leasaichte a dhèanamh air	Obair leantainneach air a dhèanamh le Sandy Gray	

1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Manaidsear Gnìomha	gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	agus grunn luchd-obrach a' cur an làmh ris. Thathar a' cumail ag ùrachadh an fhiosrachaidh phearsanta ann ceann gach trì bliadhna.	U
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dion Chloinne agus a' cumail sùil air atharraichean san lagh (CEA)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail agus tha sinn mothachail gu bheil atharrachaidhean gu bhith anns an t-siostam measaidh. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas, agus thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil fiosrachadh Disclosure sgrùdaichte aca.	
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Ghnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Chaidh stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal ùrachadh gu tur, agus bidh cothrom ann am fiosrachadh mu luchd-teagaisg ùrachadh a-rithist ri linn rannsachadh co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùir, a bhios a' ciallachadh fios a chur gu gach neach-teagaisg.	U
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Ghnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html .	U
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Ghnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha <i>Faileas</i> air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh. Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoinachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	U
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlannach aig InG (InG)	Feumar an amas seo a choileanadh ro 2012. Cha deach Fèis ùr a stèidheachadh ann an sgìre InG gu ruige seo am-bliadhna ged a tha ùidh air nochdadh bhon Thaobh an Iar Chataibh.	O
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile (CEA)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh' Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.	U
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoinachadh airson Fèisean a bhith ag obair còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh againn.	U
1.15	Prògram Trèanadh Bliadhna	Oifigear Trèanadh & Poileasaidh	A' toirt trèanadh do dheich thar fhichead fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù trì fichead 's a còig deug luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha dùil ri 60 com-pàirtiche ann am Fèis Trèanadh sa Mhàrt 2011. Tha dùil ri mu 30 com-pàirtiche airson Ìre I is Ìre II aig SMO sa Ghearan 2011. Bidh Ìre III air a leasachadh agus air a lìbhrigeadh bhon Ghearran 2011 a-mach.	U

			Luchd-obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)	Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus gheibh an sgioba air fad oideachadh mu Ghàidhlig co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna. Bheir luchd-obrach nam Fèisean oideachadh do neach-obrach ùr, no ball ùr, sam bith mu obair na buidhne. Tha Moreen Pringle air a bhith gabhail a' chùrsa Ùlpan. Tha Iona NicDhòmhnaill a' dèanamh Masters (Cultar).	U
1.16	A' cruthachadh Lionra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg. (CEA)	Tha sinn a' cumail oirnn a' dol gu coinneamhan agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Thraidiseanta, a tha a-nise na bhuidheann corporraichte le barrachd dhleastanasan. Tha an càirdeas obrach againn a' leantainn leis an RSAMD agus Sgoil-chiùil a' Phluic.	U
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn fhathast nar ball de buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, agus bidh sinn a' dol gu na coinneamhan aig Bòrd na Gàidhlig airson nam buidhnean Gàidhlig. Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' Chùrsa airson Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm, agus e a' toirt comhairle do dh'oileanaich mun ghnìomhachas chiùil agus cothroman teagaisg a gheibhear aig na Fèisean is cothroman teagaisg eile.	
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Comhairle Ealain na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (CEA).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus leanaidh seo. Bidh sinn gu tric a' cur freagaritean gu co-chomhairlean a bheir buaidh air ar n-obair; agus ann an dòighean a bheir buaidh air poileasaidhean.	U
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh		Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhas.	U
1.19	Sanasachd is Margaidheachd	Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Nochd tòrr sgeulachdan naidheachd mur deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach.	U
			Coinneamh fhoirmeil a chur air dòigh le sgioba conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig, le sùil ri inbhe na Gàidhlig a thogail am measg na tachartasan / seirbheisean uile gu lèir anns a bheil sibh an sàs (BnG).	Ri chur air dòigh fhathast	
		Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean	A' lorg barrachd obair chompairt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar nam Fèisean a reic (CEA).	Feumar tuilleadh a dhèanamh san raon seo, ach thathar a' bruidhinn ri daoine a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-urrais fad an t-siubhail, a' mhòr chuid co-cheangailte ri Blas aig a bheil Comataidh Maoineachaidh saor thoileach.	O

				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org .	U
1.20	Fiosrachadh	Ceannard	Thèid Measadh Buaidh InG a chumail le Steve Westbrook Associates.	Chaidh a' chiad dreachd de na toraidhean fhoillseachadh tràth san Dùbhlachd agus chuidich Fèisean nan Gàidheal an luchd-comhairleachaidh seo cho fad 's as urrainn dhuinn.	U
1.21	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Ghnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Bèo aig www.feisean.org agus www.blas-festival.com le làrach ùr gu bhith air a chruthachadh airson Cuairtean Cèilidh. Tha susbaint an làraich a' dol am meud, agus luchd-obrach a-nis air an trèanadh ann an Sitekit agus iad comasach air susbaint a chur ris an làrach.	U
2 LEASACHAIDHEAN ÙRA					
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Oifigear Gàidhlig	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro libhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig agus cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig agus cuairtean le Meanbh-Chuilleag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (CEA)	Thathar a' cumail air a' cur planaichean Gàidhlig a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna, agus mar phàirt den choinneimh mheasaidh bhliadhnail le gach Fèis, bruidhnear mu chùisean Gàidhlig. Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois.	U
			Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri co-dhiù 20 duine gus Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Bidh taic air a thairgse dhan fheadhainn a tha a' bidh tron rannsachadh a thèid a dhèanamh. Bheir an Sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdadh a bhrosnachadh.	U
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Tha sinn air buidheann a chur air dòigh air mygaelic agus bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba gu cunbhalach.	U
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iartais. (BnG)	Tha an Sgioba-G againn a' cumail orra a' cuideachadh Fhèisean le bhith cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig, tro phrògraman obrach mu choinneimh feumalachdan dhaoine, nuair a dh'iarrair, ag amas air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. A' dèanamh cinnteach, mean air mhean, gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnannt den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh.	U
2.3	A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	Obair rannsachaidh ri dhèanamh am measg luchd-teagaisg nam Fèisean, luchd-frithealaidh nam Fèisean agus pàrantan, gus dealbh nas soilleire air an comasan labhairt sa Ghàidhlig. Cuideachd, agus faighinn a-mach cia mheud a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Tha ceisteachan a' dol timcheall air luchd-teagaisg nam fèisean an-dràsta airson toiseach tòiseachaidh air an fhiosrachadh seo a thional airson slat-tomhais a thoirt dhuinn air soirbheas na h-iomairt.	U

			Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile gus fiosrachadh a sgaoileadh air cothroman a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, aig tachartasan agus air làrach-lìn na buidhne. (BnG)	Tha tòrr fiosrachaidh air làrach-lìn ùr Blas mu chothroman ionnsachaidh. Bidh a h-uile duine a bhios a' frithealadh Blas a' faighinn cairt abairtean le fiosrachadh mu ionnsachadh. Tha tuilleadh ri dhèanamh.	U
2.4	A' cruthachadh Fhèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg airson teaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig Fhèisean a stèidheachadh.	Ceannard/ Oifigear Gàidhlig	Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman do phàrantan a bhith ag obrachadh còmhla ris an cuid chloinne ann an Gàidhlig.	Tha 6 Fhèisean MG ann a-nis le barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fhèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Fhèisean nan Gàidheal ag amas air Fhèisean a bhiodh freagarrach do theaghlaichean a chruthachadh, no cothroman a thoirt dhaibh aig Fhèisean stèidheichte.	U
		Manaidsear Leasachaidh/ Bòrd	A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra	Chan fhaighear ballrachd mar Fhèis ùr mura h-eilear air dealas a shealltainn don Ghàidhlig. Feumaidh am Bòrd a-nis gabhail ri buill ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	U
2.5	A' leasachadh Dràma Gàidhlig	Oifigear Dràma	A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)	Gaelic drama Fhèisean will be organised during 2010-11.	O
			A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)		
			A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)	Planaichean a' dol air adhart gu math airson sgoil eile ann an 2010, le 18 clàraichte mar thà. Tha còmhraidhean le MG Alba gun toradh fhathast.	U
			Sgoil Shamhraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)		
			Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre. (BnG)	Tha pròiseactan dràma a' tachairt mar thà ann an trì sgìrean Iomairtean Gàidhlig, gu bhith air an craobh sgaoileadh le BBC Radio nan Gàidheal. Thèid barrachd a dhèanamh tron bhliadhna.	O
Bidh cuairt sgoiltean le Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart.	To be arranged. An application will be made to Bòrd na Gàidhlig Arts Strategy Funds and to relevant local authorities.	O			
2.6	Taic a' leantainn do Chuaritean Cèilidh nam Fhèisean	Prìomh agus Oifigearan Leasachaidh eile	Ann am compàirt ri Fhèisean, a' leantainn oirnn le taic do Chuaritean Cèilidh (CEA)	Gheibh còig Cuairtean Cèilidh taic tro mhiosan an t-samhraidh 2010	U
		Prìomh Oifigear Leasachaidh	A' leudachadh agus a' neartachadh Chuaritean Cèilidh nam Fhèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)	Tha planaichean gan cur an gnìomh gus sanasachd is prògraman nan cuairtean a leasachadh, bho 2010, tro phròiseact a tha a' faighinn taic nach beag bho LEADER fad trì bliadhna.	U
	<p>Poileasaidhean air a dhèanamh na b' fhasa airson luchd saor-thoileach a libhrigeadh</p> <p>Chaidh am poileasaidh Gàidhlig ùr a chuir an gnìomh aig a' Choinneamh Bhliadhnail anns an t-Sultain. Tha an duilleag rannsachaidh a-nis deiseil agus thèid a sgaoileadh ro dheireadh na mìos a tha seo.</p> <p>Tha mi uamhasach toilichte gu bheil tòrr dha na Fèisean air Poileasaidh Gàidhlig a toirt a-steach planaichean Gàidhlig aca fhèin le taic bho na h-oifigearan leasachaidh aca, agus rinn mi obair air cuid de feadhainn ùra airson na foirmichean tabhartais aig deireadh an Fhaoilleach. Bidh mi a' bruidhinn ri na h-oifigearan leasachaidh bho latha gu latha gus taic a' chumail ri na Fèisean le bhith 'g aithneachadh na feumalachdan a th'aca le bhith a' cur am poileasaidh Gàidhlig an gnìomh.</p>

2	Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne
	<p>Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànan Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)</p> <p>Tha na duilleagan-rannsachaidh a-nis deiseil airson sgaoileadh chun na luchd-teagasg agus tha sinn gu mòr a' coimhead air adhart ri na freagairtean a gheibh sinn. Thèid dealbhearsanta a dhealbhadh do gach neach a fhreagras agus bhon a seo thèid planaichean a dheasachadh gus taic a thoirt do gach neach a tha feumachadh na sgilean Gàidhlig aca leasachadh.</p> <p>Tha sinn a' toirt tòrr taic do Fhèisean le bhith 'g eadar-theangachadh an fhiosrachadh a tha iad a sgaoileadh. Bhon a thoisich mi san dreuchd ùr tha Dougie is Emily air tòrr chuideachadh a thoirt dhomh le eadar-theangachaidhean is eile.</p>
2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig
	<p>Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail.</p> <p>Tha an Sgioba- G air a bhith gu math trang am bliadhna le Fèis Dhùn Èideann, Fèis Ceann Loch Goibhle agus Fèis Lochabair mar tha air a bhith againn. Aig deireadh a' Chèitein bidh iad a' tadhal air Fèis Mhoireibh agus tha planaichean a' tighinn ri chèile airson an t-samhraidh le Fèis Eige agus Fèis Chataibh ag iarraidh taic. A bharrachd air seo tha sinn a' toirt seachad stuthan teagasg agus geamannan do chuid dha na Fèisean 's bidh iad fhèin a' libhrigeadh seo.</p>
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a libhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal
	<p>Tha na Fèisean a tighinn thugam son taic fhaighinn le eadar-theangachadh agus airson stuthan Gàidhlig a thoirt dhaibh. Bhon a thoisich mi san dreuchd ùr tha mi air tòrr taic fhaighinn bho Dougie is Emily le cuid dhan obair seo. Tha mi a' cumail còmhraidhean cunbhalach le na h-oifigearan leasachaidh gus a bhith a frithealadh feumalachdan na Fèisean a thaobh a' phoileasaidh ùr.</p> <p>Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn no ann an 2007 (Targaid BNAG)</p> <p>Tha an stòr-dàta de dh'fhaclan is abairtean feumail air an làrach-lìn againn. Thèid barrachd liostaichean a chuir an àrda anns an àm ri teachd agus thèid leasachadh a dhèanamh air na th'againn air an làrach chun a seo.</p> <p>Cùrsaichean Gàidhlig agus Stuthan Ghàidhlig son Fèisean (Targaid BnaG)</p> <p>Tha mi air cuideachadh a thoirt do Fhèisean le stuthan Gàidhlig agus pasgain cur-seachadan air na mìosan a dh'fhalbh. Tha na seòrsa stuthan seo agam deiseil son sgaoileadh sa bhad.</p>
2.4	Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic medium tuition at existing and new Fèisean

	<p>Barrachd Fèisean tro Mheadhan na Gàidhlig</p> <p>Tha na Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig a ruith mar bu choir le na h-àireamhan a tha gan frithealadh uamhasach fhèin math.</p> <p>Tha Fèis a' Chaolais air a bhith trang le pròiseact Thasglann agus bidh iad a tòiseachadh air an ath-shreath de bhùthan obrach a dh'aithghearr. Tha Fèis na h-òige a' leantainn orra le diofar clasaichean leantainneach agus tha planaichean a' tighinn ri chèile airson an deireadh-seachdain pìobaireachd a bhios aca sa Lùnastal.</p> <p>Bidh mi ag obair le na Fèisean son rannsachadh a dhèanamh a thaobh cothroman son Fèisean a bhith ruith clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig na Fèisean aca son na com-pàirtichean a tha fileanta sa chànan.</p> <p>Mar phàirt den dreuchd ùr agam bidh mi a' coimhead ri Fèisean Teaghlaich a leasachadh airson 2011</p>
--	--

Luchd-obrach	Anna Willoughby
Dleastanas	Manaidsear Gníomha
Ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid Adhartas
1.1	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)
	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean (35 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £224,815.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhat den airgid a tha air a thabhann, £33,302.50 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 5 Fèisean.
1.2	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail
	2115 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2010-11 mar phàirt de thairgse tabhartais. Tha luchd rianachd nam Fèisean ri bhi aig an Fhèis Trèanaidh air deireadh sheachdain 12/13 Am Màrt 2011 mar cùmhnan de'n sgeama thabhartasan nam Fèisean 2010-11. Tha stòr-data air a cur ri chèile le ainmeannan luchd rianachd nam Fèisean.
1.3	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)
	Tha planaichean a' dol air adhart airson an Co-labhairt Bhliadhnail 2010 air 24/25 An Sultain.
1.4	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh an dràsta. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh an uiridh. Cha robh atharraichean ann am bliadhna. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.6	Dèanamh cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure Scotland aig luchd-teagaisg agus saor thagraichean nam Fèisean
	Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas agus ga ùrachadh airson luchd teagasg agus saor thagraichean air an stòr-data a h-uile trì bliadhna. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas bho £20.00 gu £23.00 agus feumaidh sin suimean anns am buidseat àrdachadh.
1.6	Poileasaidh Cùram Chloinne (Targaid SAC)
	Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagasg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh.

Luchd-obrach	Iona NicDhòmhnaill
Dleastanas	Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh
Ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid Adhartas
1	Leantainn air adhart le Sgeama Bursaraidhean Ciùil a chur an gnìomh Foirm iarratais agus notaichean stiùiridh shuas air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal http://www.feisean.org/Projects/Music-Bursaries-GD.htm
2	Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg Coinneamh leasachaidh gu bhith ann às t-Samhradh 2010 gus Ìre 3 a thoirt gu buil. Iona/Val Bryan/Andy Thorburn an-sàs.
3	Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoinachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart Ciad iarratas deiseil airson falbh gu SAC/YMI airson trèanadh luchd-teagaisg. Feitheamh ri CVs bho Andy/Val.
4	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a’ brosnachadh, a’ cur air dòigh agus a’ gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta. A’ deasachadh prògram an-dràsta a-rèir na buidseat a th’ann.
5	Lean air adhart le Prògram Trèanaidh san-taigh, a’ cumail sùil air buidseat Leantainneach. “A’ togail ultaichean mòra” – Inbhir Nis – 12/5/10
6	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA) Leantainneach.
7	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE) Tha a’ mhòr-chuid de na fèisean againn a’ gabhail cothroman trèanaidh aig Fèis Trèanaidh, tachartas bliadhnail, a bhios a’ dol air adhart sa Mhàirt, 2011. Bha 22 fèisean air an riochdachadh aig FT10.
8	Lìbhrig trèanadh do 70 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE) Eadar Trèanadh luchd-teagaisg agus FT11, tha a h-uile coltas ann gum faigh sinn an àireamh seo. Chaidh barrachd is 85 daoine tro na bùithtean-obrach againn am bliadhna.
9	4 seiseanan gràmar Gàidhlig airson luchd-obrach FnG agus 3 choinneamhan airson luchd-obrach sa bhliadhna ri teachd agus clàr-ama a cur air dòigh. Thèid dreach chlàir-ama fhoillseachadh ro dheireadh a’ Chèitein.
10	Taic airson 20 neach gus cùrsa Gàidhlig, a tha a’ freagairt air na feumalachdan aca, a dhèanamh ann an 2010-11 (BnG) Eadar na cùrsaichean a tha Fèisean nan Gàidheal a ruith aig Fèis Trèanaidh agus Trèanadh Luchd-Teagaisg, cùrsaichean Ùlpan, agus cùrsaichean goirid eile, tha còrr is 20 neach a’ faighinn taic le Gàidhlig gach bliadhna. Tha airgead sa bhuidseat airson taic a thoirt do dhaoine a tha feumach air cùrsa bhon taobh a-muigh na buidhne.
11	Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2011 agus fiosrachadh a sgaoileadh (dreach ri bhi deiseil 31.10.10) Thèid seo a choileanadh ri ùine. A’ lorg àite freagarrach airson 12/13 Am Màrt, 2011.
12	Clàr trèanadh luchd-obrach ùrachadh (04/10 – 03/11) Faic Àireamh 9, agus thèid barrachd a dhèanamh air seo nuair a thig iarratasan bho luchd-obrach a-rèir na planaichean pearsanta aca.

Luchd-obrach	Moreen Pringle
Dleastanas	Oifigear Ghnothaichean
Ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid Adhartas
1.3	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA) Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2010 air ann An t-Sultain.
1.5	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean. Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Farr, Fèis Fhoirt, Fèis an Earraich, Fèis Latharna, Fèis Ghlaschu, Fèis Ghallaibh, Fèis an t-Sratha and Fèis Mhoireibh.
1.6	A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson 2 bogsa-ciùil agus 1 fhidheal.
1.7	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.8	Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean Tha Fèisean air a bhith reic leabhraichean fad na bliadhna. Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach.
1.9	Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh Am Màrt agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An t-Òg Mhios.
6.4	Àrdaich agus tog iomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 Pìosan de Chòmhdach nàiseanta gach Bliadhna (Targaid IGE) Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta (Targaid CEA) Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
6.6	Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC) Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Luchd-obrach	Dougie Beck
Dleastanas	Oifigear Dràma
ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid adhartas
1.9	Thoir taic do leasachadh nam Fèisean fa-leth, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach agus ag àrdachadh na h-àireimh de thachartasan a nì iad. Deasachadh agus sgaoileadh naidheachd agus fiosrachadh eile
	Mar as trice bidh mi a' sgrìobhadh co-dhiù aon airtigeal airson gach iris de dh'Fhaileas, a' toirt iomradh air na tachartasan dràma anns an robh mi an sàs.
2.1	Leasaich mar a chleachdar a' Ghàidhlig taobh a-staigh iomairt nam Fèisean, a' leasachadh an fhacail labhairte mar dhòigh conaltraidh agus meadhan teagaisg, a rèir feumalachdan sgìre na Fèise.
	Leasaich agus àrdaich cothroman an cànan agus an cultar a chleachdadh tro

	<p>phoileasaidh Gàidhlig agus leasachadh Sgoil Shamhraidh Dhràma (targaid SAC).</p> <p>Poileasaidh Gàidhlig: leantainneach.</p> <p>Sgoil Shamhraidh, 5-16 Iuchar 2010: tha planaichean aig ìre gu math adhartach. Tha am prìomh luchd-teagaisg, Òstail na h-Àrd-sgoile, a' bhun-sgoil, àite-fuirich an luchd-teagaisg, Àros, cur-seachadan an deireadh-seachdain, an sgioba teicnigeach airson Àros agus an luchd-aire air an cur air dòigh; Tha 18 duine air cur a-steach air a son – 7 dhiubh a' tilleadh bhon bhliadhna an-uiridh.</p> <p>Bidh Gàidhlig aig a h-uile neach-teagaisg am-bliadhna.</p>
2.5	<p>Leasachadh Dràma na Gàidhlig</p> <p>Cuir sreath de dh'Fhèisean Dràma air dòigh (targaid SAC)</p> <p>Tha Aonghas air a bhith ag obair ann an ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich, iar-thuath Leòdhais agus ann an Dùn Èideann, agus tha mi fhìn air a bhith ag obair ann an sgoiltean Uibhist. Tha mi cuideachd ag obair air pròiseact Earra Ghàidheal is Loch Abar le Christine.</p> <p>Tha mi ag obair le sgoilearan ann an ceithir sgoiltean ann an Uibhist, agus thèid toradh na h-obrach seo a chraoladh air BBC Radio nan Gàidheal. Tha mi ag obair ann an sia sgoiltean ann an Earra Ghàidheal/Loch Abar, agus thig am pròiseact seo gu crìch feasgar 10 Ògmhios le taisbeanaidhean ann am Bun-sgoil Àth Tharracail.</p> <p>Tha mi air ochd sgeidsichean/dealbhan-cluiche goirid a sgrìobhadh rè an dà phròiseict seo.</p>
	<p>Lìbhrig co-dhùil dà Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid HIE)</p> <p>Faic shuas</p>
	<p>Lìbhrig Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid BnG)</p> <p>Faic shuas</p>
	<p>Meas buannachdan na Sgoile Samhraidh (Targaid BnG)</p> <p>Chaidh foirm-measaidh a thoirt seachad don a h-uile com-pàirtiche agus fhuair sinn a h-uile fear air ais. A bharrachd air sin, chaidh seisean measaidh a chumail, a chaidh a fhrithéaladh leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean, air latha mu dheireadh na Sgoile, agus chaidh seisean measaidh fa-leth a chumail airson an luchd-teagaisg.</p> <p>Bha na seiseanan measaidh seo gu math feumail. Bha cuid de na com-pàirtichean a thill bhon bhliadhna an-uiridh den bheachd gum biodh e na b' fheàrr nan robh dà shreath de chlasaichean ann – clasaichean airson daoine a tha dìreach air tòiseachadh air dràma a dhèanamh, agus clasaichean nas adhartache, agus bidh seo a' tachairt gu ìre ann an 2010. Fhuair sinn deagh chomhairle cuideachd bhon luchd-teagaisg a thaobh a bhith a' taghadh nan com-pàirtichean, am measg rudan eile. Bha an luchd-teagaisg a bha ann an-uiridh den bheachd gun robh Sgoil na bliadhna sa na b' fheàrr a thaobh rianachd na Sgoil na bliadhna an-uiridh.</p> <p>Tha mi cuideachd air còmhradh mì-fhoirmeil a chumail le cuid de chom-pàirtichean SSD2009.</p>
3.3	<p>Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim fhoirmeil</p> <p>Meanbh-chuileag ri tadhal air 5 sgìrean LEC gach bliadhna (Targaid HIE)</p> <p>Mar a chaidh a mhineachadh ann an aithisgean eile, rinn Meanbh-chuileag tòrr obrach ann an 2008/09, le cuairt mhòr Ghàidhlig, obair ann an sgoiltean nach eil a' teagasg tron Ghàidhlig, pantomime Gàidhlig agus obair ann an àrd-sgoiltean às leth an Stòrlainn.</p> <p>Rinn mi fhìn, Aonghas, Calum Alex agus Jenna pantomime ann an 9 sgoiltean air Ghàidhealtachd seachdain 14 Dùbhlachd. Fhuair sinn cuid den feedback as fheàrr a fhuair Meanbh-chuileag a-riamh. 'S e mi agus Calum Alex a sgrìobh e, le taic bho Shannon Cowie air na h-òrain. Aig an ìre seo chan eil airgead ann airson an còrr dràma-oideachaidh a dhèanamh am-bliadhna, ach tha mi a' cumail sùil a-mach</p>

	airson cothroman maoinachaidh.
5.3	Leasaich trèanadh do dhaoine a tha an sàs ann an Iomairt nam Fèisean agus airson sàr-mhathas anns an Iomairt a bhrosnachadh.
	Iomairtean do dheugairean
	<p>Thathar den bheachd gum bi buaidh a ghabhas tomhais, thairis air grunn bhliadhnaichean, aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma air comasan dràma, comasan cànan, sgilean eadar-dhaoine dhaoine òga, agus cuideachd air a' bheachd a th' aca air a' Ghàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig. Tha na fhuaradh de mheasadh bho chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh a' nochdadh gu bheil iomairtean a leithid seo a' còrdadh ri daoine òga agus gum bi iad gam brosnachadh gu bhith a' meas na Gàidhlig mar nì chudromach. Thill ceathrar bhon bhliadhna an-uiridh, agus tha seo a' dearbhadh gun do chòrd an Sgoil riutha.</p> <p>Tha e mar amas aig sgioba Ghàidhlig FnG barrachd a dhèanamh gus deugairean a thàladh don chànan, agus tha cuid de na h-iomairtean dràma air leth freagarrach airson seo a dhèanamh.</p> <p>Aig toiseach an Ògmhios thadhail Meanbh-chuileag air àrd-sgoiltean air feadh Alba leis an dealbh-chluiche <i>Am Pàrtaidh Purpaidh</i>. Rinn sinn an obair seo às leth an Stòrlainn Nàiseanta. 'S e glè bheag de dh'obair a rinn Meanbh-chuileag roimhe seo le deugairean, agus bha a' chuairt seo gu math soirbheachail.</p> <p>Tha Aonghas air a bhith ag obair le deugairean ann an Sgoil Shiaboist, Sgoil Lìonail agus Sgoil Sheumais Gillespie's mar phàirt de na pròiseactan rèidio.</p>
	Brosnaich ceanglaichean eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh nam Fèisean tro thaisbeanaidhean mòra agus conaltradh le na meadhanan.
6.1	A' cruthachadh cheanglaichean
	<p>'S e an ceangal a thathar ga chruthachadh leis a' BhBC as cudromaiche am-bliadhna (faic gu h-àrd).</p> <p>Ged a bhruidhinn SMO rinn o chionn còrr is sia mìosan mu bhith a' teagasg dràma air na cùrsaichean goirid aca, cha chualas an còrr bhuapa.</p> <p>Tha mi fhathast gun freagairt fhaighinn bho MG Alba mu bhith a' coinneachadh riutha mun Sgoil Shamhraidh.</p> <p>Tha sinn gu bhith a' toirt chloinne mun cuairt Àrach Blàr Chùil Lodair às leth Urras Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean.</p> <p>Tha mi gu bhith a' coinneachadh le Brian Ó hEadhra a dh'aithghearr airson bruidhinn ris mu dhedhinn nan cothroman a th' ann.</p>
6.6	Làrach-lìn agus ICT
	Bidh mi a' cùr ri làrach-lìn FnG mar a tha iomchaidh.
6.7	Cothroman taisbeanaidh
	'S e cothrom air leth a th' ann an dràma airson tàlant an dhaoine òga a thaisbeanadh, agus 's e deagh eisimplear de seo a bhios ann an oidhche thaisbeanaidh na Sgoile Samhraidh. Bidh oidhche thaisbeanaidh a' toirt pròiseact dràma Earra Ghàidheal is Loch Abar gu crìch cuideachd. Mar a thuirt mi gu h-àrd tha sinn a' ruith pròiseactan rèidio ann an diofar sgìrean agus thèid toradh nam pròiseactan seo a chraoladh leis a' BhBC. Bha dràma mar phàirt de dh'oidhche mhòr nam Fèisean ann an Eden Court san t-Samhain agus 's iad oileanaich bhon Sgoil Shamhraidh a bha an sàs ann an sin.

Luchd-obrach	Aonghas MacLeòid
Dleastanas	Neach-taice Dràma
ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Fèis Trèanaidh FnG – 13 & 14 Màrt

Bha mi ann Disathairne agus chaidh mi gu na bùthan-obrach a leanas:

- Special Needs/ Inclusion
- Building Positive Relationships with Children & Young People

Fèis Dhùn Èideann 15 – 18 Gearran

Thug mi taic do Sgioba G. Cha robh iarrtas gu leòr ann gus bùthan-obrach drama a chumail.

Fèis an Erraich 29 Màrt – 2 Giblean

Rinn mi bùthan-obrach drama airson trì buidhnean anns an deach ceitheir dealbhan-cluiche/sgèidsichean ùra a chruthachadh airson an àrd-ùrlar aig cuirm na Fèise.

Skill Up 2010

16-18 Màrt

Deireadh sheachdain thrèanaidh le Promote YT aig Eden Court. www.promoteyt.co.uk

Fèisean Dràma airson Rèidio 2009/10 - Adhartais

Tha na 3 Fèisean Dràma airson Rèidio a thòisich anns an Dàmhair anns na sgìrean Iomairt Chànain a leanas aig ìre clàraidh agus gearraidh an dràsta as dèidh 5 bùthan-obrach a choileanadh:

Iochdar Thròdairnis

- Sgoil Stafainn
- Sgoil Chille Mhoire

Dùn Èideann

- Bun-sgoil Chrois na Cìse
- Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig

Gu ruige seo chaidh 5 bùthan obrach agus seisean clàraidh a chumail le na buidhnean sgoile ann an Iochdar Thròdairnis agus Dùn Èideann.

Iar Thuath Leòdhais

- Sgoil Lionail
(Bun-sgoil & Àrd-sgoil còmhla)

Tharraing am buidheann aig Sgoil Lionail a-mach as a phròiseact anns a Ghearran air sgàth 's gun robh cus cur seachadan aca rim frithealadh as dèidh na sgoile.

- Sgoil Shiaboist – Bun-sgoil
- Sgoil Shiaboist Àrd-sgoil

Thathar an dùil bùth-obrach deasachaidh agus seisean clàraidh le BBC Rèidio nan Gàidheal a chumail le na buidhnean ann an Sgoil Shiaboist aig deireadh a Chèitean.

BBC Radio nan Gàidheal

Craolaidh 'Aileag' na dealbhan-cluiche aon uair 's gun tèid an deasachadh. Thèid fios a chur gu sgoiltean aon uair 's gun tèid ceann là craolaidh a chur air dòigh.

Thug sgioba Aileag cothrom dhomh faighinn a-mach mun doighean gearraidh agus riochdachaidh aca fhad sa bhitheas iad a' deasachadh na dealbhan-cluiche agus a cur ceòl agus sfx riutha agus tha mi'n duil an cothrom sin a ghabhail aig deireadh a Chèitein/ toiseach na h-Òg Mhìos

Tha an sgioba aig Aileag air a bhith dèanamh aithris air na sgìlean a tha na sgoilearan ag ionnsachadh

fhad 's a tha a' phròiseact air a bhith a' dol air adhart.

Bùth-obrach #7 – Òg Mhìos

Thèid podcast a dhèanamh de gach dealbh-chluich. Thèid cruinneachadh de na dealbhan-cluiche a chur air cd cuideachd.

Comhairle – Fèis Dràma airson Rèidio:

Uibhist agus Beinn na Faoghla

Thòisich Dougie Beck Fèis Dràma airson Rèidio le ceithear sgoiltean ann an Uibhist agus Beinn na Faoghla. Thug mi comhairle dha mun dòighean teagaisg agus uidheamachd a chleachd mi.

Fèisean Dràma airson Rèidio & Buidhnean Dràma Coimhearsnachd

08/02/10: Mar phàirt den phròiseact chaidh fios a chur gu buidhnean dràma coimhearsnachd anns gach sgìre gus cothrom a thoirt dhaibh pàirt a ghabhail sa phròiseact. Thèid cothroman co-obrachaidh a bhrosnachadh eadar na sgoiltean agus na buidhnean dràma coimhearsnachd. Thathar an dùil bùth-obrach no dhà a chumail agus dealbhan-cluiche rèidio a chlàradh 's a chraoladh leis na buidhnean sin cuideachd.

Cha deach cothroman co-obrachaidh a bhrosnachadh bhon uair sin air sgàth 's cho teann sa bha an ùine agams leis na sgoiltean agus na duilgheadasan a bhiodh aig na buidhnean dràma coimhearsnachd pàirt a ghabhail anns na dealbhan cluiche.

Ged s e bheachd fìor mhath a bh'ann agus cothrom mhath dhaibh bha mi a' faireachdainn gum biodh e na b'fhasa nan robh dealbhan cluiche rèidio air an comharrachadh dhaibh ro-làimh an àit' a bhith gam brosnachadh gus dealbhan cluiche/sgeidsichean ùra a sgrìobhadh.

Ma tha cothrom eile mar seo ag èirigh gabhaidh mar eiseimpleir an cruinneachadh de dealbhan cluiche rèidio a sgrìobh Pol MacAonghais a chleachdadh airson na buidhnean drama aig a bheil ùidh pàirt a ghabhail. Tha mi a' creidsinn gum biodh ùidh aig BBC Rèidio nan Gàidheal anns a phròiseact seo cuideachd agus gun gabhadh am brosnachadh gus na dealbhan-cluiche a chlàradh agus an craoladh as dèidh làimh.

Fios naidheachd

Thèid fios-naidheachd mu na Fèisean Drama airson Rèidio agus seiseanan clàraidh BBC Rèidio nan Gàidheal. Thèid fios-naidheachd mun aon seòrsa a' sgaoileadh aig an aon àm sa thèid na dealbhan-cluiche a chraoladh.

Trèanadh Luchd-obrach – Manual handling Tha mi'n dùil a bhith an làthair aig là trèanaidh 'Manual handling' aig Moray Firth Training Group, Inverness air Diciadain 12/05/10. www.mftg.co.uk

Open Space

Tha mi'n dùil a bhith an làthair aig co-labhairt mu drama Gàidhlig ann an Alba a bhios a' gabhail àite aig an RSAMD, Glaschu air Diardaoin 13 Cèitean.

Making Connections – Cothrom Trèanaidh

Shoirbhich leam le iarrtas a chur mi a-steach gu Promote Youth Theatre (Alba/National Association for Youth Drama (Eireann) airson àite air a chùrsa trèanaidh aca a bhios gabhail àite ann am Baile athen Cliath eadar 16 agus 20 Òg Mhìos 2010.

Cothroman Trèanaidh Ùra Charioteers Theatre, Forres

Tha mi air fios fhaighinn mu cothroman trèanaidh aig an theatre seo a dh'fhaodadh a bhiodh feumail dhomh fhèin agus Dougie Beck san àm ri teachd.

<http://www.charioteertheatre.co.uk/>

Treanadh Luchd-Teagaisg CnanES - Dràma

Anns an Òg Mhìos bi mi an sàs ann a bhith a' cur air dòigh agus a' lìbhrigeadh latha in-seirbhis do thidsearan ann an CnanES (agus ann an sgìrean eile ma tha seo iomchaidh)

Sgoil Shamhraidh Dhràma 2010

Cuir ri obair-deasachaidh le bhith an sàs ann a bhith ga planadh agus le bhith an sàs ann an agallamhan oileanach. Bidh an sàs ann an stiùireadh làitheil na Sgoile.

Luchd-obrach	Emily Edwards
Dleastanas	Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte
ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal

Targaid	Targaid adhartas
4.4	Pròiseact nan tasglann ri steidheachadh
	<p>Chaidh leabhran ùr Fèis Cheann Loch Goibhle fhoillseachadh ann an Gàidhlig, le eadar-theangachaidhean Beurla, làn sgeulachdan, cuimhneachan agus ainmean-àite Earra-Ghàidheal, mar phàirt de Phròiseact nan Tasglann agus bha a h-uile duine a bha an-sàs ann uabhasach toilichte leis. Tha Fèis a' Chaolais air sreath de dh'agallamhan a chumail le muinntir an àite ann an Beurla agus Gàidhlig agus tha an leabhran a-nis cha mhòr deiseil. Tha an Fhèis an dùil tachartas a chur air dòigh 27 Ògmhios ann an talla Drochaid a' Bhanna agus an leabhran a chur air bhog. Tha Fèis Loch Abair an Fhèis mu dheireadh a bhios a' gabhail pàirt ann am Pròiseact nan Tasglann mus tig maoinachadh gu crìch anns an Dàmhair 2010. Tha com-pàirtichean air a bhith a' cumail agallamhan mar-thà aig an Fhèis fhèin anns a' Ghiblean agus tha planaichean ann barrachd agallamhan a chumail aig Fèis nan Garbh Crìochan anns an Iuchar.</p> <p>Chaidh iarrtasan-maoinachaidh airson pròiseact ùr dualchais 'Chuala is chunnaic' an cuir gu Stòras Dualchais a' Chrannchur Nàiseanta, Esmee Fairbairn Foundation agus Bòrd na Gàidhlig. Bhiodh a' phròiseact ag amas air luchd na Gàidhlig a' clàradh air fiolm ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig gu h-àraidh cugallach, mar Dùthaich MhicAoidh, na h-eileanan Earra-Ghàidheal, taobh Siar Rois, Loch Abair agus sgìrean anns na h-Eileanan Siar. Chuireadh làrach-lìn agus leabhar ùr a chruthachadh mar pàirt den phròiseact.</p>
6.3	Ceanglaichean Eadar-Nàiseanta
6.7	Cothroman taisbeanaidh
	Bha Pròiseact nan Tasglann na chomharradh air làraich-lìn Hi-arts agus Rural Networks a bharrachd air Aithris na Maidne air Radio nan Gàidheal.

Luchd-obrach	Nicola Marshall
Dleastanas	Oifigear Leasachaidh
ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal

Targaid	Targaid adhartas
1	Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.

	<p>'S e an ath fhèis bhliadhnail anns an sgìre agam, Fèis Mhoireibh. Bidh seo a tachairt air 29 agus 30 an Cèitean agus tha ceithir fichead sa naoi compairtichean aca mar tha airson seo.</p> <p>Bidh am bùth-obrach deireannach aig Fèis a' Chaolais airson an teirm seo a tachairt air 26mh an t-Ogmhios agus bidh consairt aca còmhla ri luchd-teagaisg agus compairtichean. Bidh an consairt seo a' cur air bhog an leabhar ùr a rinn iad mar phàirt den pròiseact Tasglann.</p> <p>Tha neach-taic ùr aig Fèis Chataibh, Allison Watson agus tha iad trang ag ullachadh airson am prìomh fhèis aca, bidh seo a tachairt anns a chiad seachdain de làithean-saora na sgoile. Cuideachd, bidh iad a' cur air dòigh consairt còmhla ris an còmhlan-ciùil Malinky anns an t-Ògmhios.</p> <p>Bidh am prìomh Fhèis aig Fèis na h-Òige anns an t-Iuchar cuideachd agus tha mi ag obair còmhla ruitha airson àireamhan àrdachadh aig an fheis agus aig an deireadh-seachdain phìobaireachd aca.</p> <p>Bidh compairtichean bho Fhèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile a tighinn còmhla airson consairt aig Blas agus tha na comataidhean aca ag obair air na planaichean airson seo an-dràsta.</p> <p>Chuir Fèisean a' Mhonaidh Ruaidh (Fèis Spè) air dòigh dà tachartas sònraichte anns na mìosan a chaidh seachad, deireadh-seachdain obair-còmhla airson deugairean ann an Glen Isla agus latha ciùil ann am bun-sgoil Tom an t-Sabhail far a bheil na pàrantan agus na tidsearan gu math mosneachdail agus taiceil.</p> <p>Thachair Fèis Inbhir Narainn air 26/27 An Gearran agus bha deireadh-seachdain sgoinneil aig a h-uile duine a dh'aindeoin droch aimsir!</p>
2	<p>Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a-rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.</p>
	<p>Tha Calum Ailig is mi fhèin ri chèile gus taic a thoirt dha na Fèisean leis na planaichean Gàidhlig aca.</p> <p>Cuideachd, tha mi ag obair gu dlùth le Fèis na h-Òige airson an deireadh-seachdain phìobaireachd aca a' cur air adhart. Bidh seo a tachairt aig Badaguish eadar 27 agus 29 Lùnastal.</p> <p>Bha plana aig an sgioba leasachaidh airson Freumhan a' ruith ann an Chille Chuimein bho 5 gu 9 Giblean ach cha robh compairtichean gu leòr againn airson seo a dhèanamh. Bidh mi ag obair leis an sgioba gus fhaighinn a-mach carson a bha seo agus airson sùil a thoirt air cothroman eile.</p>
3	<p>Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.</p>
	<p>Bidh Fèis Spè, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean.</p>
4	<p>Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhchant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth.</p>
	<p>Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas.</p> <p>Tha mi a' leantainn leis an obair air a phròiseact Slighean Ùra .</p> <p>Bidh Fèis Alba 2010 a' tachairt anns a' Phloc , tòiseachadh air 5 Iuchar airson dà sheachdain mar part den phròiseact Slighean Ùra.</p>
5	<p>Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean</p>
	<ul style="list-style-type: none"> • 15 Màrt – Coinneamh na h-oifigearan leasachaidh

	<ul style="list-style-type: none"> • 19 Màrt – Scottish National Rual Network , Strath Pheofharain • 22 Giblean – Fèis Spè/Fèis Inbhir Narainn Treanadh airson ballrachd a’ bhùird • 26 Giblean – Coinneamh luchd-obrach • Tha mi fhathast a’ lorg taic-airgid airson DVD ùr a chuir ri cheile airson teagasg ` Cluich airson Dannsa’.
6	Lean air adhart a’ cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanadh.
	<p>Annas a’ Mhàirt, bha compairtichean bho Fhèis a’ Chaolais an sàs ann an cuirm-ciùil còmhla ri ne luchd-ciùil bho am pròiseact Ùrachadh.</p> <p>Bidh Fèis Spè agus Fèis Mhoireibh ag obair gu dlùth ri chèile airson bùth-obrach agus cuirm-ciùil a’ cur air dòigh airson na compairtichean aca mar phàirt den fhèis Speyfest. Bidh compairtichean bho Fèis Spè a’ cluich aig an fhèis Insider 2010 cuideachd.</p> <p>Bidh Fèis a’ Bhaile agus Fèis na h-Òige ag obair còmhla ri Julie Fowlis air pròiseact bheag airson Blas 2010.</p> <p>Bha luchd-ciùil bho an comhlan Malinky a’ teagasg airson Fèis Chataibh aig an deireadh-seachdain obair-buidhne aca anns an Gearran agus bidh an comhlan air fad a dèanamh consairt anns an t-Ògmhios airson airgead a’ thogail airson an Fhèis.</p> <p>A bharrachd air na rudan àbhaisteach, bha cuirm-ciùil aig Fèis Inbhir Narainn aig àm na prìomh fheis aca, còmhla ri na luchd-ciùil ainmeil Charlie McKerron agus Marc Clement.</p>

Luchd-obrach	Caoimhin Rodgers
Dleastanas	Oifigear Leasachaidh Lochabair
ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	Targaid adhartas
1	Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a’ brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a’ leasachadh nan raointean-gnìomh aca.
	<ul style="list-style-type: none"> • Tha mi air a bhith a’ cumail conaltradh le Fèis Gleann Albainn anns na beagan mìosan a th’ air a dhol seachad, a’ coimhead gu h-araidh air dà phroiseact. Proiseact a bhios a’ toirt a-steach fiolm agus na meadhanan agus proiseact ann an co-obrach le Taigh –Eiridinn na Gàidhealtachd. • Tha mi ag obair le Fèis nan Garbh Chrìochan a’ coimhead air uidheam ùra a chuir ris am proiseact mòr (Seataichean, Fuam agus Solais) • Bha mi ag obair còmhla ri Fèis Ghlaschu a’ toirt seachad cuideachadh, comhairle agus beachdan an uair a bha iad a’ dèanamh deiseal airson Fèis fad Seachdain. • Bha mi a’ dèanamh an aon rud còmhla ri Fèis Lochabair ach cuideachd, bha mi a’ cuideachadh le clas nam meadhannan agus Tasglan. • Tha mi air a bhith bruidhinn ri Còmhairle Pheairt is Ceann Rois agus Fèis an t-Sratha. Agus tha mi air aontachadh clasaichean Ulpan (blasadan) a libhreagadh aig Fèis an t-Sratha 22 an Cèitean. Tha mi air na clasaichean seo a dhèanamh mu-thrath leis an comataidh.
2	Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A’ leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a’ frithealadh.

	<ul style="list-style-type: none"> Tha na clasaichean aig Àrd Lochabair air a bhith a' ruith gu math. Chan eilear cìnnteach fhathast far a bheil an Sgoil a-thaobh tidsear ach bidh mi a' coinneachadh ri Catriona Chaimbeul a-rithist airson faighinn a-mach. <p>Tha triur bho comataidh Fèis Gleann Albainn air tighinn thugam a' nochdadh uidh ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig tro Ulpan. As deidh dhomh bruidhinn ri Iona tha FnG a' paigheadh 50% den clàradh aca airson Ulpan. Thoisich iad am mìos seo chaidh ann an Inbhir Garraidh. Cuirish iad crìoch air a chiad bloc de clasaichean aca ag aithghearr agus toisichidh iad a-rithist san fhoghar.</p>
3	Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.
	<ul style="list-style-type: none"> Tha YMI a' ruith gu sunnd ann an Lochabar fo Raonaid Walker agus gu ruige seo chan eil cus gnòimheach air a bhith agam ann ach tha Raonaid a' cumail fios thugam.
4	Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnannt le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth
	<ul style="list-style-type: none"> Tha mi air a bhith an sàs gu mòr leis am pròiseact a chuir siostam solais, fuaim agus seataichean ùr a-steach dhan talla sgoile ùr anns an Ath Tharchail. Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le Còmhairle a Ghàidhealtachd agus an sgoile fhèin. Tha seo a' toirt comas dhan Fhèis agus an sgoile, tachartan cultural Gàidhlig a chumail san sgìre. Tha mi a-nise air tagairtean a chuir ri cheile airson an taic airgead a chaidh a dh'aontaicheadh fhaighinn bhon leithid Highland LEADER. Mar a thuirt mi na bu traithe, tha mi a-nise a' coimhead air uidheam ùra fhaighinn a bhios cuideachal, feumal agus freagarrach dha 'm pròiseact (àrd ùrlar, curtairean 's msaa)
5	Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean
	<ul style="list-style-type: none"> Dh'fheuch mi cùrsa Ulpan a' ruith an urraidh airson Fèisean ann an Lochabair (agus cuideach Fèis Gleann Albainn) ach gu mi-fhortanach, cha tainig e gu bì. Tha mi fhathast a' fearachdain gum biodh seo feumail dha na Fèisean ann a bhith a' tachart ris na tha a dhìth orra a-thaobh am planna Leasachaidh Gàidhlig ùr. Tha mi air aonadan a theagasg gu fear de na Fèisean mu-thrath agus bidh mi gan dèanamh le feadhann eile anns na mìosan a tha roimhinn.
6	Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.
	<ul style="list-style-type: none"> Tha mi air a bhith a' bruidhinn ri Coman nam Parant (Lochabair) mu dheidhinn pròiseact ùr ann an co-obrachadh. Tha sinn a' coimhead air rudeigin fad Seachdain airson an teaghladh a bhios a' lionadh am bearn a dh'fhàg na campaichean Sradagan. Tha sinn ag obair air na Cèilidhean air cuairt a-rithist. Rinn sinn auditions sa Mhàrt agus tha comhlan againn a-nise. Tha dìreach Seachdain air a bhith againn mu-thrath airson rehearsals agus bidh fear eile againn aig deireadh a mhios. Bheir sinn ainm air an comhlan fhèin am bliadhna agus bidh iad a' nochdadh dà thuras aig Blas.

Neach-obrach	Jenna Chuimeanach
Dreuchd	Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar
Ràithe na h-aithisg	Am Màrt – An Cèitean 2010

Earrann	1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal
Targaid 1	Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.

	<p>Chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh a chumail aig àm na Càisg le ochdnar ga frithealadh a h-uile latha 's iad ag ionnsachadh na h-ionnstramaidean a leanas; fidheall, giotàr, seinn, a' phìob agus a' bhogsa-putain. Nochd Tormod Caimbeul tron t-seachdain le measgachadh de bhàrdachd is seuglachdan a chaidh aithris e dhan a' chlann.</p> <p>Chum Fèis an Earraich Fèis na bliadhna-sa anns a' Phloc le cuid de na com-pàirtichean a' fuireach anns an ostail air an oidhche. Chaidh an Fhèis a chumail eadar 29 Mart agus 2 Giblean le mòran luchd-teagaisg ainmeil an làthair leithid Aonghas MacCoinnich, Maeve NicFhionghain agus Sandy Brechin.</p> <p>B'è seachdain air leth spòrsail a bha ann dhan a h-uile duine a bha an sàs.</p> <p>Tha na Fèisean anns na h-Eileanan an Iar trang a' cur crìoch air liosta nan luchd-teagaisg agus a dèanamh cinnteach gu bheil teisteanas dìon chloinne aig a h-uile duin' aca ro thoiseach na Fèise. Chùm Fèis Tir Eòrna cèilidh air 16 Giblean ann an Uibhist a Tuath 's iad a togail £480 airson Fèis na bliadhna-sa. Thèid Fèis Tir a' Mhurain a thòiseachadh le Rèis air an Didòmhnaich, a' fàgail Talla Staoinibrig aig 1f. Bidh sùgh is bèicearachd rim faotainn agus thèid taisbeanadh phupaid a lìbhrigeadh anns a' Ghàidhlig cuideachd as dèidh làimh.</p>
Targaid 2	Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.
	<p>Tha mi a' leantainn orm le bhith a brosnachadh na Fèisean gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh aig na tachartasan aca. Tha coig Fèisean anns na h-Eileanan air poileasaidhean Ghàidhlig air ùrachadh agus tha mi ag obair gu dlùth le Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Ratharsaidh agus Fèis an Earraich airson poileasaidh ùr a chruthachadh dhaibhsan cuideachd.</p> <p>Aig toiseachd a' Ghiblean thug mi seachad cuideachadh do dh' Fhèis Tir an Eòrna gus dreach ùr a chruthachadh airson na bileagan-iarrtais aca. Fhad 'sa bha mi air falbh air làithean-saora rinn Calum Ailig ath-nuadhachadh air am foirm-iarrtais aig Fèis Bharraigh. Tha mi a' leantainn orm le bhith a dèanamh eadar-theangachadh airson Fèis sam bith a thig thugam le stuth.</p>
Targaid 3	Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.
	Tha Fèis an Earraich a' leantainn orra le clasaichean YMI ann am bun-sgoiltean sa sgìre.
Targaid 4	Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnannt le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth
Targaid 5	Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean
	<p>Bha mi an làthair aig Fèis Trèanaidh Fèisean nan Gàidheal air 13 agus 14 dhen a' Mhàirt. Air Diluain 15 Màrt chaidh coinneamh a chumail le na h-oifigearan Leasachaidh ann an oifis Inbhir Nis. Bha mi an làthair aig a' choinneamh airson luchd-obrach air 26 Giblean cuideachd.</p> <p>Ghabh mi pàirt anns an trèanadh a chaidh a chumail air 12 Cèitean aig Ionad Trèanaidh Linne Mhoireibh air 'A' giùlain agus a' laimhseachadh.'</p>
Targaid 6	Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.

	<p>Air Diardaoin 25 Màrt choinnich mi le Kathlene NicDhòmhnaill a tha ag obair aig Leader Innse Gall. Bha Nicola Simpson an làthair cuideachd agus sinn a' lorg fiosrachadh mu dheidhinn an sgeama aca anns na h-Eileanan an Iar agus a toirt seachad fiosrachadh mu na tachartasan a tha a' gabhail aite anns an sgìre mar thoradh air gluasad na Fèise.</p> <p>Thachair mi ri Meg Rodger, a tha na Oifigear Leasachaidh airson na h-Ealain aig Comhairle nan Eilean Siar, air Diciadain 14 Giblean. Fhuair mi cothrom aithisg ghoirid a thoirt seachad dhith mu na tha air a bhith a' gabhail aite anns an sgìre eadar am Faoilleach 2009 agus a' Ghiblean 2010. Tha Meg agus Alasdair Macleòid a tha an sàs ann an Sgioba na Gàidhlig leis a' Chomhairle, toilichte leis an adhartas a tha na Fèisean a dèanamh agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riutha nas dlùithe ri teachd agus sinn gu bhith a' comharrachadh 'Eileanan Alba' ann an 2011.</p>
--	--

Luchd-obrach	Christine MacIntyre
Dleastanas	Oifigear Leasachaidh
Ùine	Am Màrt 2010 – An Cèitean 2010

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	<u>Targaid</u> adhartas
1	<p>Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.</p> <p>Coinneamhan Am Màrt</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' bruidhinn ri Fèis Thiriodh mu Fhèis 2010 agus a' coimhead air sgeama ùr agus dòighean ùra airson airgead a lorg • Coinneamh le Calum Ailig mu dheidhinn a' Phlana Phearsanta agam • Aig trèanadh nam Fèisean ann an Srath Pheofhair • Coinneamh le Fèis Cholla mun phroiseact ciùil aca • Cuideachadh Fèis Dhùn Omhain leis an latha Fèise aca <p>An Giblean</p> <ul style="list-style-type: none"> • Coinneamh le Fèis Dhùn Omhain airson tuilleadh airgid a lorg • Aig an latha Gàidhlig a bha aig Lorne Gàidhlig Partnership • Cuideachadh Dougie Beck le dràma ann an Sgoil Rockfield • Aig coinneamh luchd-obrach • Ann an Ìle airson cuideachadh a thoirt seachad airson Awards 4 All • Aig Fèis Latharna <p>An Cèitean</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' dol gu latha Gàidhlig aig an RASMD
2	<p>Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a-rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' toirt taic do Fhèis Dhùn Omhain airson barrachd Gàidhlig a thoirt do chloinn ga fo aois Fèise • A' cur air dòigh Fèis Dhràma Ghidhlig Earra Ghàidheal ann an Àth Tharracaill • A' bruidhinn ri muinntir Ghiogha mu dheidhinn barrachd ghnòthaichean Gàidhlig a bhith air an eilean
3	<p>Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' coimhead air dòigh am pròiseact Gàidhlig/ciùil a thoirt air adhart airson sgoilearan Ghleann Chrutein • Ag obair còmhla ri SPARC airson tuilleadh stuthan Gàidhlig a chur air bhonn ann an Dùn Bhreatainn an Iar

4	<p>Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnannt le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha Fèis Latharna ag obair còmhla ri Còmhlan Pìoba an Òbain • Tha Fèis Cheann Loch Goibhle anns a' bhliadhna mu dheireadh anns a' YMI aca • Ag obair air a' Chuairt Chèilidh aig Earra Ghàidheal
5	<p>Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' cuideachadh nam Fèisean agam airson barrachd airgid a thogail iad fhèin • A' toirt taic dha na Fèisean a dhol gun Latha Trèanaidh aig Fèisean na Gàidheal • A' toirt taic dha na Fèisean a bhith suas leis a' mheasadh chunnairt aca
6	<p>Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • A' coimhead air dòigh muinntir Èireann a thoirt a-staigh dhan Chuairt Chèilidh againn • A' bruidhinn ri Stramash mu dheidhinn Fèisean a tharraing a-staigh agus a bhith ag obair còmhla



**Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ**

**Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org**